

Duilleag Fiosrachaidh

Bidh sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh inbheach agus luchd-solair trèanaidh ceisteachan a fhreagairt anns an t-Samhain 2019. 'S e gu sònraichte na clasaichean, tachartasan, no cothroman ionnsachaidh a ghabhas àite rè na seachdaine a bhios a' tòiseachadh air **Diluain 4mh dhen t-Samhain** anns a bheil ùidh againn. Ged is ann air an t-seachdain sin a bhios an ceisteachan ag amas, dh'fhaodar a lìonadh aig àm sam bith rè mìos na Samhna.

Siridh an **ceisteachan do luchd-solair chùrsaichean** fiosrachadh air:

- na cùrsaichean no tachartasan ionnsachaidh a thathar a' cumail, a' toirt a-steach cùrsaichean air astar
- an àireamh de dh'oidèan/luchd-òraide a tha a' teagasg Gàidhlig do dh'inbhich
- an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' frithealadh nan cùrsaichean no tachartasan ionnsachaidh
- na teisteanasan no an creideas air a bheil luchd-ionnsachaidh ag amas, ma tha sin iomchaidh

Siridh an **ceisteachan do luchd-ionnsachaidh** fiosrachadh air:

- an t-ionnsachadh Gàidhlig anns a bheil iad an sàs
- an dòigh anns a bheil iad ag ionnsachadh na Gàidhlig (mar eisimpleir, na goireasan ionnsachaidh a bhios iad a' cleachdadh)
- càit a bheil iad ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus
- na cnapan-starraidh a dh'fhaodadh a bhith san rathad orra.

A thaobh an rannsachaidh seo:

Is e **neach-ionnsachaidh inbheach** cuideigin a tha a' dol an sàs, no an dùil a dhol an sàs, ann an gnìomh sam bith gus Gàidhlig ionnsachadh, no gus piseach a thoirt air na sgilean Gàidhlig aca. Tha sgilean Gàidhlig a' toirt a-steach labhairt, èisteachd, leughadh agus sgrìobhadh. Tha an neach-ionnsachaidh inbheach 16 no nas sine, agus tha iad air an àrd-sgoil fhàgail.

Is iad na **goireasan ionnsachaidh** na stuthan a tha dealbhaichte do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig (mar eisimpleir, duilleagan-obrach, làraich-lìn, apps).

Is e **cothrom ionnsachaidh** gnìomh sam bith a tha luchd-solair chùrsaichean a' toirt seachad le cinn-latha tòiseachaidh is crìochnachaidh soilleir, no a tha aig ìre àraidh ag amas air:

- sgil no sgilean cànan Gàidhlig a theagasg do luchd-ionnsachaidh inbheach, air neo
- taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach airson ìre de mhathas sònraichte fhaighinn anns an sgil no anns na sgilean sin.

Tha **cothroman ionnsachaidh** a' toirt a-steach, mar eisimpleir:

- cùrsa còmhraidh libhrigte le oide ann an suidheachadh coimhearsnachd, mar leabharlann
- seiseanan buail a-steach do dhaoine aig a bheil Gàidhlig on ghlùn a tha airson an sgilean litearrachd a leasachadh
- cùrsa air loidhne
- ionnsachadh cànan air sgàth adhbhar sònraichte; mar eisimpleir, do dh'oileanaich air cùrsa ciùil traidiseanta

- ionnsachadh cànan mar phàirt dhe ceum oilthigh, agus
- clasaichean oidhche ann an suidheachadh coimhearsnachd

Dè thachras leis na toraidhean rannsachaidh againn

Bidh sinn a' co-roinneadh an fhiosrachaidh agus nan toraidhean againn le Bòrd na Gàidhlig, a dh'fhoillsicheas gearr-aithisgean neo-ainmichte, agus stuthan eile mar ghrafaichean fiosrachaidh, air an làrach-lìn aca.